

|                        |                                                           |
|------------------------|-----------------------------------------------------------|
| <b>Dreuchd:</b>        | <b>Oifigear Conaltraidh</b>                               |
| <b>Tuarastal:</b>      | B2: £31,266 - £35,813                                     |
| <b>Stèidhichte:</b>    | Aig an taigh sa chiad dol a-mach                          |
| <b>Uairean-obrach:</b> | 37 uairean san t-seachdain                                |
| <b>Fo stiùir:</b>      | Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd |
| <b>Cùmhnant:</b>       | Làn-thìde, leantainneach.                                 |

## Co-theacsa

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil Ghnìomhach a th' ann am Bòrd na Gàidhlig (am Bòrd), a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. 'S e am Bòrd a' phrìomh bhuidheann ann an Alba le uallach airson leasachaidhean Gàidhlig a chur air adhart agus gus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Gàidhlig, a' gabhail a-steach foghlam na Gàidhlig.

'S e àrd-amas Bòrd na Gàidhlig gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh fad is farsaing mar phàirt bhunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

Tha tòrr den obair aig Bòrd na Gàidhlig co-cheangailte ri bhith a' dealbhadh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig agus a' cumail sùil air coileanadh a' phlana sin. Bidh e cuideachd a' cuideachadh le bhith a' dealbhadh nam Planaichean Gàidhlig aig buidhnean eile agus le bhith a' sgrùdadh coileanadh nam planaichean sin.

Tha Bòrd na Gàidhlig ag obair gus Gàidhlig a chur air adhart ann an co-bhonn ri Riaghaltas na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail, Buidhnean Poblach, buidhnean com-pàirteach agus coimhearsnachdan. Sa Phlana Chorporra 2018-23 againn, 's e cur air adhart na Gàidhlig aon de na trì prìomh raointean leasachaidh agus tha cothroman is dùbhlain ann a thaobh a bhith a' toirt seo air adhart.

## Adhbhar na h-obrach

Tha conaltradh èifeachdach riatanach do Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' coileanadh nan amasan aige, a' dèanamh cinnteach gun tig a' Ghàidhlig agus cultar na Gàidhlig am feabhas ann an Alba. Tha dreuchd Oifigear Conaltraidh na phàirt chudromach de sgioba a' Bhùird ann a bhith a' toirt amasan na buidhne agus amasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig air adhart. Thathas ag amas gum bi uallach air an oifigear airson deagh chonaltradh mu dheidhinn obair a' Bhùird agus mu dheidhinn leasachadh na Gàidhlig anns an fharsaingeachd.

## Prìomh chinn-uidhe

- Ro-innleachd conaltraidh na buidhne a chur an gnìomh bho latha gu latha
- Taic a chumail ris an sgioba air fad le iomairtean conaltraidh co-cheangailte ris an obair aca
- Uallach a ghabhail airson dèiligeadh ri iarrtasan bho na meadhanan
- Uallach a ghabhail airson pìosan naidheachd a chruthachadh ann an co-bhonn le oifigearan eile san sgioba agus gan sgaoileadh
- Dleastanasan manaidsear-loidhne airson Oifigear-taic conaltraidh agus stiùir a thoirt dhaibh a thaobh nam meadhanan-sòisealta aig Bòrd na Gàidhlig
- Iomairtean margaideachd a thoirt air adhart gus prìomhachasan Bhòrd na Gàidhlig a thoirt air adhart
- Uallach a ghabhail mar neach-deasaiche làrach-lìn a' Bhùird bho latha gu latha, ann an co-bhonn leis an sgioba air fad
- A' libhrigeadh phròiseactan dealbhachaidh is foillseachaidh.

## Dleastanasan sònraichte

Tha geàrr-chunntas ann gu h-ìosal de na dleastanasan a tha sibh buailteach a bhith a' coileanadh san dreuchd seo. Thathar an dùil gun coilean an neach san dreuchd seo obair no dleastanasan sam bith a tha gu reusanta air am meas a bhith nam pàirt de dh'adhbhar is uallaichean na dreuchd.

- Ro-innleachd conaltraidh na buidhne a chur an gnìomh bho latha gu latha agus pàirt a ghabhail nuair a thèid seo ùrachadh
- Taic a chumail ris an sgioba ann a bhith a' libhrigeadh caochladh sheòrsaichean de dh'obair conaltraidh gus na prìomh theachdaireachdan aig Bòrd na Gàidhlig a thoirt seachad.
- Uallach a ghabhail mar am prìomh neach a bhios a' dèiligeadh ris na meadhanan agus buidhnean naidheachd.
- A' comharrachadh cothroman follaiseachd / naidheachdan matha agus gam foillseachadh, le bhith a' cruthachadh agus a' sgaoileadh brathan-naidheachd, dealbhan agus pìosan bhidio iomchaidh.
- Uallach a ghabhail mar neach-deasaiche làrach-lìn a' Bhùird bho latha gu latha, a' gabhail a-steach susbaint, cruth agus coltas.
- Dleastanasan manaidsear-loidhne airson Oifigear-taic conaltraidh agus stiùir a thoirt dhaibh a thaobh nam meadhanan-sòisealta aig Bòrd na Gàidhlig.
- A' libhrigeadh phròiseactan dealbhachaidh is foillseachaidh.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil teachdaireachdan a' Bhùird cunbhalach.
- A' togail cheanglaichean le luchd-ùidhe agus buidhnean com-pàirteach.
- Iomairtean margaideachd a thoirt air adhart às leth na buidhne agus / no ann an co-bhonn le com-pàirtichean eile gus prìomhachasan Bhòrd na Gàidhlig a chur an cèill gu nàiseanta agus gu h-ionadail.
- Ann an co-bhonn leis an sgioba-stiùiridh, sùil a chumail air a' bhuidseat airson conaltradh gus dèanamh cinnteach gun tèid airgead a chosg le èifeachd.
- Tachartasan poblach a chur air dòigh às leth na buidhne.
- A' gabhail pàirt ann an coinneamhan an Sgioba-stiùiridh far a bheil sin iomchaidh, agus a' cuideachadh le bhith a' sgrìobhadh aithisgean air ìrean-coileanaidh a thaobh amasan a'

Phlana Chorporra.

- Dleastanasan sam bith eile a tha gu reusanta air am meas a bhith nam pàirt de dh'adhbhar is uallaichean na dreuchd.

## Comasan, Eòlas is Teisteanasan

Tha e **riatanach** gu bheil aig tagraichean airson na dreuchd seo:

- Deagh chomasan ann am faicinn chothroman airson deagh naidheachd a chruthachadh agus a sgaoileadh agus a' freagairt air sgeulachdan dhaoine eile, le deagh sgilean breithneachaidh agus rianachd.
- Math air ceanglaichean a thogail le daoine is buidhnean eile, taobh a-muigh is taobh a-staigh na buidhne agus a' manaidseadh dhàimhean
- Comasach a bhith 'a' reic bhuannachdan' an dà chuid ri Gàidheil is luchd-labhairt na Beurla
- Misneachail agus sgileil ann a bhith a' cruthachadh agus a' foillseachadh pìosan sgrìobhaidh sa Ghàidhlig, le deagh sgilean Gàidhlig agus Beurla, ga bruidhinn agus ga sgrìobhadh.
- Sgilean a thaobh a bhith a' stiùireadh phròiseactan agus air cinn-ama a choileanadh.
- Deagh sgilean eagrachaidh, planaidh agus stiùiridh phròiseactan.
- Eòlas practaigeach air leasachadh na Gàidhlig
- Teisteanas freagarrach ann an cuspair buntainneach (leithid naidheachdas, conaltradh, margaideachd) agus / no co-dhiù trì bliadhna de dh'eòlas iomchaidh air cùisean conaltraidh, craoladh no naidheachdas.
- Deagh sgilean ann an cleachdadh nam meadhanan-sòisealta, deasachadh làrach-lìn agus bathar-bog cumanta
- Comasach buaidh a thoirt air beachdan mhanaidsearan is cheannardan
- Obair a dhèanamh fo ur stiùir fhèin
- Eòlas ann a bhith a' fastadh agus a' stiùireadh chunnradairean
- Foghlam gu co-dhiù Ìre 7 SCQF (HNC)

Bhiodh e na **bhuannachd** nan robh aig tagraichean airson na dreuchd:

- Eòlas air pìosan bhidio a chur ri chèile agus a sgaoileadh
- Comasach siubhail a dhèanamh, a' gabhail a-steach a bhith a' siubhal gu sgìrean dùthchail agus gu eileanan ann an Alba.
- Làn chead dràibhidh airson na Rìoghachd Aonaichte

## Fiosrachadh a bharrachd

|                                                    |                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                        |
|----------------------------------------------------|------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| <b>Foillseachadh Alba</b>                          | Mar phàirt de na Bun-ìrean Tèarainteachd aig Riaghaltas na h-Alba, cuiridh Bòrd na Gàidhlig air dòigh sgrùdadh le Foillseachadh Alba (Disclosure Scotland) airson gach tagraiche a gheibh dreuchd.                                                                                                                                                                                                                                                                     |
| <b>Ceann-latha agus ceann-ama airson iarrtasan</b> | Diciadain 23 Ògmhios 2021, 10m                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                         |
| <b>Ceann-latha agus àite airson agallamhan</b>     | Dihaoine 02 Iuchar 2021 tro TEAMS                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                      |
| <b>Fo ur stiùir</b>                                | Oifigear-taic Conaltraidh                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                              |
| <b>Tuarastal</b>                                   | B2: £31,266 - £35,813<br>Nuair a thòisicheas neach san dreuchd, tòisichidh iad aig a' chiad ìre pàighidh, agus bidh cothrom aig daoine ann an dreuchdan leantainneach air àrdachadh pàighidh gach bliadhna, a rèir poileasaidhean a' Bhùird.                                                                                                                                                                                                                           |
| <b>Buannachdan</b>                                 | Bidh gach neach-obrach le cùmhnant stèidhichte, no cùmhnant sealach a mhaireas 3 mìosan no nas fhaide, nam ball de Sgeama Peinnsein Comhairle na Gàidhealtachd, mura h-iarr iad gun ballrachd a ghabhail.<br><a href="http://www.highlandpensionfund.org">http://www.highlandpensionfund.org</a><br><br>Nuair a tha ceadaichte fo phoileasaidhean a' Bhùird, pàighear airson cosgaisean co-cheangailte ri bhith a' dèanamh imrich gu dachaigh ùr air adhbharan obrach. |
| <b>Siubhal</b>                                     | Bu chòir tagraichean airson na dreuchd seo cuimhneachadh: dh'fhaodadh gum bi agaibh ri siubhal a dhèanamh bho àm gu àm san dreuchd seo agus dh'fhaodadh gum feum sibh fuireach an oidhche nuair a tha sibh air falbh                                                                                                                                                                                                                                                   |

Tha seo na thuairisgeul air an dreuchd mar a tha i an-dràsta. Tha e na chleachdadh àbhaisteach a bhith ag ath-sgrùdadh thuairisgeulan obrach bho àm gu àm feuch a bheil iad iomchaidh airson na h-obrach mar a tha i aig an àm, agus gus atharrachaidhean a shealltainn a rinneadh no a tha gam moladh.